



6. B.

H.M. 295.
Tyho. p. 339.





X

THE
ELEMENTS
OF THE
GAELIC LANGUAGE:

COMPOSED FOR THE USE OF THE

Gaelic Circulating Schools.

BY

ALEXANDER M'LAURIN.

Second Edition, Corrected.

PART SECOND.

*Train up a Child in the way he should go, and when he
is old he will not depart from it.* PROV. xxii. 6.

EDINBURGH:

Printed by Andrew Balfour,

FOR THE SOCIETY FOR THE SUPPORT OF
GAELIC SCHOOLS.

SOLD AT THE SOCIETY'S DEPOSITORY, NO. 14,
ROYAL EXCHANGE.

1816.



TUS THEAGASG
NA CANAIN GHAELICH.

Air a Chur ri Cheile

AIRSON FEUMA NAN AITE-FOGHLUIM
ATHARRACHAIL GAEDHEALACHA.

LE

ALASTAIR MAC LAURUINN.

An Dara Clodh-bhuladh.

AN DARA EARRANN.

GNATH-FHOCAIL, Caib. xxii. 6.

*Teagaisg leanabh a thaobh na slighe air an còir dha
imeachd; agus an uair a bhios e sean, cha tréig e i.*

DUN-EUDAINN:

CLODH-BHUAILTE AIR SON
NA CUIDEACHD A TA CHUM CUMAIL SUAS
TIGHEAN-FOGHLIUM GAIDHEALACHA.

1816.



LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION

LEUGHADH.



Comhradh cadar dithis

Co a ta bualadh aig an dorus ?

Co ta 'n sin ?

Am bheil thu fathast ad leabaidh ?

Am bheil thu ad chodal ?

Dùisg.

Tha mi am fhaireach.

Co a dhuiscg thu ?

Mo bhrathair.

Eirich.

Eirich, éirich.

Is tràth dhuit éiridh.

Ta la soilleir ann.

Ta e ochd uairean.

Ta an fhàir ag briseadh.

Fosgail an dorus.

Ta e glaiste.

Ta'n iuchair anns an dorus.

Tog cnag an doruis.

Ta an dorus crainnte.

Fuirich beagan.

Ta mi a'dol a dh'èiridh.

Eirigheam.

Cia leasg a ta e gu éiridh.

C' airson nach éirich thu gu grad?

Ciod an t'am an abhaist duit eiridh?

Aig seachd uairibh.

Bha mi trom am chodal.

Rinn mi caithris anmoch an reidhir.

Chaidh mi à luidhe ro anmoch.

Chàidil mi gu h-olc an nochd.

Cha d' fhuair mi clò codail re na h-oidhche.

Tha thu d' fhear leasg.

Agus thusa, ciod an uair aig an d'éirich thusa?

Dh' éirich mi aig camhanach an latha.

Aig éiridh na gréine.

An d' eirich a ghrian a cheana?

Ta mise ag éirigh mu 'n eirich a' ghrian.

Air mo shon féin, air leam gur e codal na maidne is fearr air bith.

Mur éirich thu, ruisgidh mi dhìot éudach do leaba.

Ta thu a' faicinn gu bheil mi 'g éiridh.

La maith dhuit.

Air dol do thigh-foghluim.

Cia as a thainig thu?

O'm thigh féin.

C' àit am bheil thu dol co shiubhlach ?

Ta mi dol do 'n tigh-fhoghlum.

Thig maille riumsa.

Fuirich beagan.

Siubhlamaid.

C' airson a ta thu a' cluich, air an rathad ?

Na mairnealaich.

Thig sinn tràth ni's leor.

Ciod an uair a th'ann ?

Cha mhòr nach e seachd.

Cha do bhuail an clag fathast.

Deanamaid cabhag.

Cha d'rinn iad an urnuigh fathast.

Co a ta 'gar coinneachadh an sin.

Aon de ar coimh-fhearaibh.

C' àit am bheil thu a' dol.

Do 'n tigh-fhòghluim.

Ann an tigh-fhoghlum.

Suidh ann an àite féin.

C' àit am bheil do leabhar ?

Ta do leabhar an sin.

Léugh do leabhar.

Smuainich air do léughadh.

Cuir d'earrann air meomhair.

Cha n-eil thu deanamh ni air bith ach cluich.

Ni mi casaid ort.

Innsidh mi do 'n mhaighstir.

Am bheil thu ullamh?

Cha n-'eil mi ullamh fathast.

Ciod a ta thu ag scriobhadh?

Ta mi scriobhadh mo chleachda.

Scriobh mi gu h-iomlan e.

No teannaich mi.

Dean tuilleadh aite dhomh.

Ta aite ni 's leor agad.

Suidh an aird.

Beagan ni's airde.

Beagan ni's isle.

Thoir dhomh mo leabhar.

C' ait an tóisich sinn?

Cia fhad a deir sinn?

Gu so.

Ciod an earrann a ta agad?

Co leis an leabhar so?

An d' fhuair thu d' carrann air mheo-
mhair?

Cha d' fhuair fathast.

Greas ort.

Bi dichollach.

Am bheil iteadh, agus dubh agad?

Scriobh do chleachd.

Is maith a scriobh thu e.

Air sgeadachadh.

Sgeadaich thu fein.

C' àirson nach 'eil thu a' deanamh ca-
bhaig a chur d' earraidh ort?

Fhir bhig las a'choinneal.

Cuir air teine.

Iarr air a chailin leine ghlan a thabhairt
dhomh.

Cha n-'eil féum agam oirre a nis.

Ta 'n leine so glan gu leor.

Cuir thugam m' fheile-bheag.

Thoir dhomh m' osain.

Thoir dhomh mo ghartain. (chreabuille.)

Cuir ort d' osain, agus do ghartain.

Ta tuill ann am osain.

Càirich na h-osain.

Sin do bhrògan duit.

Glan mo bhrògan.

Cuir ort do bhrògan.

Cír do cheann.

Cír mo ghruag.

Cha n-'eil na círean glan.

An àill leat cír adhairce, no cír fhiodha?

Thoir dhomh a chír chnaimhe.

Bhrist neach éigin cùig no sea fhiacal
as a chír.

Is éigin domh mo lamhan, mo bhéul,
agus m' aghaidh a nigheadh.

Cha d' thug a chaile bhuaireasach sin
uisge thugam.

Glaodh oirre air ball.

Sín am ionnsuidh an soitheach uisgidh.

Tiormaich do lamhan leis an lamh-
anart

Bha mo lamhan ro shalach.

C' àit am bheil mo léine.

Ta i an so.

Cha n-'eil i glan.

Ta i salaeh.

Ni bheil an léine so blàth.

Ta i ro fhuar fathast.

Ma 's àill leat blàthaichidh mi i.

Cha n-àill, cha n-àill, cha n-'eil baoghal
ann.

Cuirfidh mi orm i mor a ta i.

Thoir dhomh lamh-anart.

So aon ghlan duit.

Thoir dhomb an lamh-anart a tha am
phocaid.

Thug mi do 'n bhean-nigheachain e, cha
robh e glan.

Rinn thu gu maith.

An d'thug i dhachaidh m' anart.

Thug i, a dhuin' uasail, cha n-'eil ni air
bith air chall.

Ciod an t-éudach-muineil a chuirfeas
tu ort an duigh?

Eudach-muineil coitchinn.

Fill an t-éudach-muineil so.

Thoir dhomh mo chulaidh-éudaich.

Ciod a chulaidh ?

A chulaidh a bha agam orm an dé.

Nach cuir thu ort do chulaidh ùr ?

C' airson ?

A chionn gur e an diugh la breith na
Ban-rìghinn.

Ta mis' air dhochair.

Ta thu ceart.

Gu dearbh dhi-chuimhnich mis' e.

Is maith leam gu 'n do chuir thu am
chuimhn' e.

Ta mo lamhuinnean, mo bhoineid
agus mo chlaidheamh a mhain a dhíth
orm.

Sguab m' éudach gu maith.

C' àit am bheil an sguabach ?

Ta i as an an rathad.

C' airson nach dùin thu do pheiteag ?

Is toigh leam dol le 'm bhrollach fos-
gailte.

Is e sin an gnàth.

C' àit am bheil d' fhalluing ?

Ta e 'an so.

Co a ta feitheamh ?

Ciod a ta dhíth ort a dhuin' uasail ?

Ta fear éigin ag bualadh aig an dorus,
faic co a th' ann.

Is e an taileir a th' ann.

Gairm an aird e.

Thigheadh e a stigh.

Mu thuigsinn.

Am bheil thu 'g a thuigsinn ?

An do thuig thu an ni a dubhairt e ?

Am bheil thu a' tuigsinn an ni a ta e
ag radh ?

Am bheil thu 'gam thuigsinn gu maith ?

Ta mi 'g ad' thuigsinn gu maith.

Ni bheil mi 'g ad' thuigsinn.

Is aithne dhomh gu fìor mhaith.

An do thuig thu mi ?

Cha do thuig mi thu.

Thuig mi gu maith thu.

An do thuig thu esan ?

An do thuig thu ise ?

An do thuig thu iadsan ?

Nach 'eil thu 'g am' thuigsinn ?

Nach 'eil thu 'g a thuigsinn ?

Nach 'eil thu 'g a tuigsinn ?

Nach 'eil thu 'g an tuigsinn ?

Mu cheist fharruid.

Cionnus a deir thu ?

Ciod e sin ? Ciod a dh' fhairich thu ?

Cìod a ta iad ag radh ?

Cìod is ciall da sin ?

Cìod is ciall duit ?

Cìod air am bheil sin maith ?

Cìod a ta thu saoilinn ?

Cìod an t-aobhar mu 'n dubhairt e sin ?

Innis domh, am féud neach fios a bhiaig' air ?

Am féud neach fharruid dhìot ?

Cìod a ta thu ag iarraidh ?

Cionnus, a dhuin' uasail ?

Cìod a ta ri dheanamh ?

Cìod a ta dhíth ort ?

Cìod is aill leat fhaotainn ?

Freagair mi.

C' airson nach freagair thu ?

Air fiosrachadh, no colas.

An aithne dhuit sin ?

Cha n-aithne dhomh.

Cha n-aithne dhomh e.

Cha n-aithne ni air bith uime:

Bha fios aic-se air.

Nach b'aithne dhasa e ?

Ged a b'aithne dhomhsa e.

Cha n-fhaigh esan fios air bith air

An robh fios aig air ?

Cha robh fios air bith aig' air.

Bha fios agamsa air romhad-sa.
 Ni 'n robh do 'm fios domhsa.
 An aithne dhuit esan ?
 An aithne dhuit ise ?
 An aithne dhuit iad ?
 Is aithne dhomh esan.
 Cha n-aithne dhomh iad.
 Is aithne dhuinn a cheile.
 Cha n-aithne dhuinn a cheile.
 Nach aithne dhuit esan ?
 Air leam gu'm b'aithne dhomh e.

Gnath-fhocail, Caib. iii.

1. A mhic, na di-chuimhnich mo lagh, ach gleidheadh do chridhe m' aitheantà.

2. Oir laithean buan, agus saoghal fada, agus sith bheir iad dhuit.

3. Na treigeadh tròcair agus firinn thu : ceangail iad mu d'mhuineal, scriobh iad air clàr do chridhe.

4. Agus gheibh thu deadh-ghean, agus tuigse mhaith an sealladh Dhé agus dha-oine.

5. Earb as an Tighearna le d' uile chridhe, agus ri d' thuigse fein na biodh do thaice.

6. Ann ad uile shlighibh aidich e, agus seolaidh esan do cheumanna,

7. Na bi glic a' d' shuilibh féin ; biodh eagal an Tighearna ort, agus treig olc.

8. Na shlainte bithidh e do d' iomlaig, agus 'na smior do d' chnàmhaibh.

9. Thoir urram do 'n Tighearna le d' mhaoin, agus le ceud thoradh d'uile chinneis.

10. Agus lionar do shaibhlean le pailteas, agus le fion nuadh ruithidh t-fhionamair thairis.

11. Air cronachadh an Tighearna, a mhic, na deansa tàir, agus na sgithich d' a smachdachadh.

12. Oir esan a's toigh leis an Tighearna smachdaichidh se, mar *a smachdaicheas* athair am mac *anns* am bheil a thlachd.

13. *Is* sona an duine *a* dh' amaiseas air gliocas, agus am fear *a* gheibh tuigse :

14. Oir *is* fearr a ceannachd na ceannachd airgid, agus a buannachd na 'n t-òr.

15. *Is* luachmhoire i na na séudan, agus cha n-'eil gach ni a's urrainn thu mhianachadh r' an coimhneas rithe.

16. *Ta* saoghal fada 'na laimh dheis ; 'na laimh chli saibhreas agus urram.

17. *Is* sligheanna subhachais a sligheanna, agus *is* sith a ceumanna uile.

18. *Is* craobh beatha i dhoibhsan a ni greim oirre, agus *is* sona iadsan a ghleidheas i

19. Le gliocas shuidhich an Tighearn an talamh; le tuigse shocraich e na neamha.

20. Le eolas-san brisear suas na doimhneachdan, agus silidh na neoil a nuas an drùchd.

21. A mhic, na dealaicheadh iad ri d' shùilibh: coimhid gliocas fallain agus tuigse.

22. Agus bithidh iad 'nam beatha do d'anam, agus 'nam maise do d' mhuneal.

23. An sin imichidh tu a' d' shlighe gu tearuinte, agus cha tuislich do chos.

24. An uair a luidheas tu sìos, cha bhi eagal ort: seadh, luidhidh tu sìos agus bithidh do chodal milis.

25. Na biodh sgàth ort roimh eagal obann, no roimh fhasachadh nan aingidh, 'nuair a thig e.

26. Oir bithidh an Tighearna 'na thearmunn duit, agus gleidhidh e do chos o bhi air a glacadh.

27. Na cum maith o 'n droing d' an dli-ghear e, 'nuair a tha e an comas do laimh a dheanamh.

28. Na h-abair ri d' choimhearsnach, Imich, agus thig a ris, agus am màireach bheir mi dhuit, 'nuair a tha e agad laimh riut.

29. Na dealbh ole an aghaidh do

choimhearsnaich, agus e gabhail comhnuidh gu muinghineach laimh riut.

30. Na dean stri re duine gun aobhar mur do rinn e cron ort.

31. Na biodh farmad agad ri fear an fhòirneirt, agus na roghnuich a bheag d' a shlighibh.

32. Oir is grainealachd do' 'n Tighearn an duine droch mhuinte, ach *tha* a rùn aig an ionracan.

33. *Ta* mallachd an Tighearna ann an tigh an aingidh ; ach beannuichidh e aite-comhnuidh nam firean.

34. Gu cinnteach air luchd-fochaid ni e fochaid ; ach do n' iriosal bheir e gràs.

35. Sealbhaichidh na daoine gllice urram ; ach is e naire ardachadh nan amadan.

CAIB. IV.

1. Cluinnibh, a chlann, teagasg athar, agus thugaibh an aire, chum gu faigh sibh eòlas air tuigse :

2. Oir *tha* mi toirt duibh deadh theagaisg ; na tréigibhse ma reachd.

3. Oir bu mhise mac mùirneach m' athar, agus mar aonghin mic *bha mi* ann an sealladh mo mhathar.

4. Theagaisg e mi mar an ceudna, agus thubhairt e rium, cumadh do chridhe mo bhriathra; coimhid m' àitheantan agus mair beo.

5. Faigh gliocas, faigh tuigse: na di-chuimhnich, agus na claon o bhriathraibh mo bheoil.

6. Na tréig i, agus gleidhidh si thu: gràdhaich i, agus coimhididh si thu.

7. *Is* e gliocas an ni sònruichte; faigh gliocas, agus maille ri d' uile fhaghail faigh tuigse.

8. Ardaich i, agus cuiridh i suas thu: bheir i gu h-urram thu, 'nuair a ghabhas tu a' d' ghlacaibh i.

9. Bheir i do d' cheann coron maise: crùn glòire bheir i seachad duit.

10. Eisd, a mhic, agus gabh m' fho-cail: agus bithidh bliadhnacha do bheatha lionmhor:

11. Ann an slighe a' ghliocais theagaisg mi thu: threòraich mi thu ann an ceumannaibh dìreach.

12. 'Nuair a dh' imicheas tu, cha teannaichear do cheumanna, agus an uair a ruitheas tu, cha tuislich thu.

13. Dean greim daingean air teagasg, na leig as e; coimhid e, oir *is* e do bheatha e.

14. Na gabh a steach do rathad nan

aingidh, agus na h-imich ann an slighe dhroch dhaoine.

15. Seachainn i, na gabh seachad làimh rithe, pill uaipe, agus imich romhad.

16. Oir cha chaidil iadsan mur dean iad olc : agus ta 'n cadal air a thoirt uatha mur toir iad air *cuid-eigin* tuiteam.

17. Oir tha iad ag itheadh arain na h-aingidheachd, agus ag òl fiona an ainneirt.

18. Ach *ta* slighe nam firean mar an solus dealrach, a dhealraicheas ni's mò agus ni's mò gu ruig an latha iomlan.

19. *T'a* slighe nan aingidh mar dhorchadas : cha n-aithne dhoibh ciod air am bheil iad a' tuisleachadh.

20. A mhic, do m' fhoclaibh thoir aire ; ri m' bhriathraibh aom do chluas.

21. Na imicheadh iad o d' shuilibh : gléidh iad am meadhon do chridhe.

22. Oir *is* beatha iad dhoibhsan a gheibh iad, agus ioc-shlaint d' am feoil uile.

23. Leis gach uile dhichioll gléidh do chridhe ; oir as sin *ta* sruthanna na beatha.

24. Cuir uait am beul fiar, agus na bilean beumnach cuir fad uait.

25. Sealladh do shuilean gu ceart rompa, agus seoladh fabhrainnean do shùl gu dìreach romhad.

26. Cothromaich ceumanna do chos,

agus biodh do shlighcan uile air an so-crachadh.

27. Na tionndaidh a chum na làimhe deise, no clithe : carruich do chos o 'n olc.

An leanabh ag moladh a Chruith-fhear.

Tcannamaid ri moladh thabhairt do Dhia, oir a ta e ro mhor ; beannaicheadaid e, oir tha e ro mhaith.

Rinn e na h-uile nithe ; a' ghrian a riaghladh an latha, a' ghealach chum dealrachadh anns an oidhche. Rinn e a' mhuc-mhara mhor, agus a' bhiastag bheag a ta snàgadh air an talamh.

Ta na h-eòin bheaga ag seinn cliù do Dhia, an uair a sheinneas iad ceileirean ceòlmhor anns an doire.

Molaidh mis' e le m' ghuth ; oir feudaidh mi a mholadh, gèd nach 'eil annam ach leanabh.

O cheann beagan bhliadhnacha, bha mise am naoidhean beag, agus cha b' aithne dhomh focal air bith a labhairt : agus cha robh eolas agam air ainm mòr Dhé, oir cha d' thainig mo thuigse h-ugam. Ach a nis is tig leam labhairt, agus molaidh mi e ; is urrainn domh

smuaineachadh air a mhòr chaoimhneas, agus bheir mo chridhe gràdh dha.

Gairmeadh e orm, agus thig mi 'na ionnsuidh; thugadh e aithne dhomh, agus freagairidh mi e.

An uair a bhitheas mi nì's sine, molaidh mi nì's fearr e; agus cha di-chuimhnich mi Dia gu bràth, fhad as a mhaireas mi beò.

Curam agus maitheas Dé.

Amhaire air buachaill an treud, tha esan ag gabhail curaim de a chaoraibh, treòraichidh se iad air feadh shruthain fhior-ghlan, seòlaidh se iad gu h-ionaltraibh ùr: ma bhitheas na h-uain òga sgìth, giùlanaidh se iad 'na uchd; ma theid iad air searcharan bheir e dhachaidh iad.

Ach co esan is buachaill do 'n bhua-chail? co ta ag gabhail curaim dheth-san? co ta 'g a threòrachadh anns a' chois-chéum anns an còir dha imeachd? agus ma théid e air mearachd, co bheir air ais e?

Is e Dia buachaill a' bhua-chail. Is esan am buachaill thar na h-uile; tha esan ag-gabhail curaim de an uile; is e an

domhan uile a bhuaile-sa ; is sinne a threud ; agus is iad na luibhean, agus na machraichean glasa na h-ionaltraidhean a tha e solarachadh air ar son.

Is toigh le mathair a leanabh beag féin, altrumaichidh si air a gluinibh e ; beathaichidh si a chorp le biadh ; soillsichidh si inntinn le h-eòlas : ma tha e tinn, eirid-innidh si e le gaol blàth ; ni i faire air an uair a bhitheas e 'na chadal ; cha dì-chuimhnich i e uair air bith ; teagaisgidh si dhac ionnus a dh' fhéudas e bhi maith ; tha i cionail air fhàs o là gu là.

Ach co e athair na mathar ? co a ta tabhairt beidh dh'ise agus nithean maithe, agus a ta ag deanamh faire oirre le camh ghradh, agus a ta do ghnàth ag tabhairt an aire oirre ? Co a ta ag cur à ghlaca timchioll oirre-se, chum a dion o ole ? agus ma bhitheas i tinn, co a leigh-iseas i ?

Is e Dia athair na mathar ; is esan athair gach uile neach, oir rinn e na h-uile ni. Gach uile dhaoine, agus na h-uile mhnathan a ta b'è anns an domhan uile, is iad sin a chlann-san ; is toigh leis iad gu léir, tha e maith dhoibh uile.

Ta an rìgh ag riaghladh a shloigh ; ta crùn òir aig' air a cheann, agus tha 'n

t-slat rioghail 'na laimh ; tha e 'na shuidhe air riogh-chaithir, agus ag cur a mach aitheanata ; ta urram aig iochdaranaibh air ; ma ni iad maith dìonaidh se iad o chunnart, agus ma ni iad olc bheir e orra fulang air a shon.

Ach co e rìgh an rìgh ? co bheir aithne dha-san cìod is eigin da 'dheanamh ? Co do am buin an lamh a dhionas esan o chunnart ? agus ma ni e olc, co a bhuaileas e ?

Is e Dia rìgh an rìgh ; ta a chrùnsa de dhearsadh soluis, agus tha a riogh-chaithir am measg nam réulta. Is esan Rìgh nan rìgh, agus Tighearna nan Tighearna ; ma dh' iarras e oirnne a bhi beò, bithidh sinn beò ; agus ma dh' iarras e oirnne bàs fhaotainn, gheibh sinn bàs : tha a chumhachd thar gach uile shaoghal, agus tha e ag amharc air na h-uile obair a rinn e.

Is e Dia ar buachaill-ne, air an aobhar sin leanaidh sinn e : Is e Dia ar n-Athair, air an aobhar sin bheir sinn gràdh dha : Is e Dia ar Rìgh, uime sin bithidh sinn umhal da.

 Seire.

An uair a smuainticheas tu air d' uireas bhuidh féin, an uair a bheachduicheas tu air do neo-fhoirfeachd, aidich maitheas Dé, a dhuine ; a bhuilich ort tuigse, a thug comas labhairt dhuit, agus a shuidhich thu ann an comhludair dhaoin' eile, a dh' fhaotainn congnadh uadha, agus a thabhairt seach congnadh dhoibh.

Do bhiadh, do thruscan, d' àite comhnuidh goireasach ; a bhi tearuinnt' o dhochunn, thu a mhealtuinn nithe maithe, agus subhachais na beatha a ta a lathair ; na h-uile ni dhiùbh sin, is ann le congnadh chàich a ta thu 'g am faotainn, agus ni am biodh iad air am buanachadh dhuit, ach le comhoibreachadh mar sin.

Is e do dhleasdanas, uime sin, a bhi ann ad dheadh charaid do'n chinneadh daonna uile, do bhrìgh gur e do leas, gu 'm biodh gach duine càirdeil riut féin.

Mar a chuirfeas luibhean cùbhraidh deadh fhàile uapa, mar sin bheir cridhe duine seirceil, deadh oibre gu crìch.

'Tha e mealtuinn sìth agus socair a cridhe fein, agus ni e gairdeachas ann an sonas, agus soirbheas a choimhearsnaich.

Cha tabhair e éisdeachd do tharcuis, ta coireanna, agus seacharain dhaoin' eile, go-imheil do a chridhe.

Is e a mhiann a bhi ag deanamh maith, agus siridh e fàth chum a dheanamh; ann an ea-tromachadh ainneirtean neach eile, bheir e toil-inntinn dha fein.

O a dheadh rùn, ta e an geall air sonas a chinnidh daonna uile; agus le féilidheachd a chridhe, ni e a dhichioll gu a chur air adhairt.

Dichioll.

O na shiubhail na laithe a theirig a chaidh, agus na laithe a ta re teachd, maith dh' fheudta nach meal thu iad, is còir dhuit air an aobhar sin, O dhuine! an t-àm a ta ann a dheadh-bhuileachadh, gun doilgheas a bhi ort airson na h-aimsir a chaidh seachad, agus gun mhòran earb-sa ris an aimsir a ta chum teachd.

Is leatsa an ùin' a ta làthair, an ath-uair a ta si folaichte uaite, agus ni bheil fhios agad ciod a dh'-fheudas tachairt innte.

Cia b'e ni a ta thu ag cur romhad a dheanamh, dean e gun mhoille; na cuir dàil gus an fheasgar, anns an ni a dh' fheudar a dheanamh anns a' mhaduinn.

Is e diomhanas as mathair do uireasbuidh, agus do easlaint; ach ta saothair an duine shubhailcich ag tabhairt toilinn-tinn da féin.

Ta lámh fear an dichill ag tabhairt buaidh air uireasbhuidh. Ta saibhreas agus sonas ag feitheamh air an duine shaothrachail.

Co esan a choisinn saibhreas, a dh' éirich gu cumhachd, a sgeadaich e fein le h-urram, air am bheil cliù anns a' bhaile, a sheasas ann an làthair an Rìgh' ann a chomhairle? Eadhon esan a dhruid a mach diomhanas o a thigh; agus a dubhairt ri leisge is tu mo namhaid.

Eiridh e moch, agus theid e a luidhe anmoch; cleachdaidh e inntinn ri smuaintibh ceart, agus a chorp ri gnìomh; agus mar sin gleidhidh e an slainte maraon.

Ta an duine mairnealach 'na eireadh dha féin, ta a uine ag luidhe trom air; imichidh e mu an cuairt gu diomhain, gun fhios aige ciod a ni e.

Ta a lathachan ag siubhal seachad mar dhubhar neoil, agus ni am fàg e 'na dheigh comhara air bith mar chuimhneachan air.

Ta a chorp easlan a dhi obair: bu mhiann leis gnìomh, ach ni am bheil comas aige air gluasad; ta a inntinn ann an

dorchadas, ta a smuaintean aimh-reit-each; ta e déidheil air eòlas, ach ni bheil e dìchiollach; bu mhaith leis meas itheadh, ach is draghail leis saothaireachadh air a shon.

Ta a thigh ann an aimh-reit, ta a luchd muinntir strothail, agus ceannaireach, agus ruithidh e gu h-aimhleas; chi se e le a shuilibh, cluinnidh se e le a chluasaidh, crathaidh e a cheann, agus togairidh e, ach ni bheil misneach aige; gus an tig sgrios air mar iomghaoith; agus bithidh nàire agus aithreachas 'g a leantiunn, gus an d'theid e do'n uaigh.

NA DEICH AITHEANTA.

Ecsodus, Caib XX.

Agus labhair Dia na briathra so uile, ag ràdh,

Is mis' an Tighearna do Dhia, a thug a mach thu a tír na h-Eiphit, a tigh na daorsa.

1. Na biodh dée 'sam bith eile agad a' m' lathair-sa.

2. Na dean dhuit féin *dealbh* snaidhte, no coslas 'sam bith *a dh'aon ni*, a ta 'sna nèamhaibh shuas, no air an talamh shios-

no 'sna h-uisgeachaibh fuidh 'n talamh. Na crom thu féin sìos doibh, agus na dean seirbhis doibh : oir mis' an Tighearna do Dhia, is Dia eudmhor mi, a' leantuinn aingidheachd nan aithreacha air a' chloinn, air an treas, agus air a' cheathramh *ginealach* dhiubhsan a dh' fhuathaicheas mi ; agus a' nochdadh tròcair do mhiltibh dhiubhsan a ghradhaicheas mi, agus a choimhideas m' àitheanta.

3. Na tabhair ainm an Tighearna do Dhè 'an diomhanas ; oir cha mheas an Tighearna neo-chiontach, *esan* a bheir innm 'an diomhanas.

4. Cuimhnich la na sàbaid a naomhachadh. Sea laithean saothraichidh tu, agus ni thu t-obair nìle. Ach air an t-seachdamh la *tha* sabaid an Tighearna do Dhé : air an la sin na dean obair 'sam bith, thu fein, no do mhac, no do nigh-ean, d' oglach, no do bhan-oglach no d' ainmhidh, no do choigreach a ta'n taobh a stigh do d' gheataibh ; oir ann an sé laithibh rinn an Tighearna, na neamhan agus an talamh, an fhairge, agus gach nì a ta annta ; agus ghabh e fois air an t-seachdamh là : air an aobhar sin bheannaich an Tighearna là na sabaid, agus naomhaich se e.

5. Tabhair onoir do t'athair, agus do

d'mhathair; a chum as gn'm bi do laithcan buan air an fhearann a tha an Tighearna do Dhia a' toirt dhuit.

6. Na dean mortadh.

7. Na dean adhaltrannas.

8. Na dean gaduigheachd.

9 Na tabhair fianuis bhréige an aghaidh do choimhearsnaich.

10. Na sanntaich tigh do choimhearsnaich; na sanntaich bean do choimhearsnaich, no oglach, no bhan-oglach, no dhamh, no asal, no aon ni a's le do choimhearsnach.

URNUIGH AN TIGHEARNA.

Ar n-Athair a ta air neamh, Gu naomhaichear d'ainm. Thigeadh do rioghachd. Deanar do thoil air an talamh mar a nithear air neamh. 'Tabhair dhuinn an diugh ar n-aran laitheil. Agus maith dhuinn ar fiacha, amhuil mar a mhaitheas sinne d'ar luchd-fiach. Agus na leig am buaireadh sinn, ach saor sinn o ole: oir is leatsa an rioghachd, agus an cumhachd, agus a ghloir, gu siorruidh. Amen.

 A' CHREID.

Creideam ann an Dia an t-Athair Uile chumhachdach, Cruith-fhear neimh agus na talmhuinn; agus ann an Iosa Criosd, aon mhac-san, ar Tighearn, neach a ghineadh o 'n Spiorad Naomh, a rugadh leis an Oigh Muire, a dh' fhuiling fuidh Phontius Pilat, a chéusadh, a fhuair bàs, agus a dh' adhlacadh, a chaidh sìos do staid nam marbh, a dh' éirich arís o na marbhaibh air an treas là, a chaidh suas air neamh, agus a ta 'na shuidhe air deas làimh Dhé an Athar Uile-chumhachdaich, agus as sin a thig a thoirt breith air na beothaibh agus air na marbhaibh. Creideam anns an Spiorad Naomh, anns an eaglais naomh choitcheonn, ann an co-chomunn nan naomh, ann am maitheanas peacaidh, ann an ais-eirigh a' chuirp, agus anns a' bheatha mhaireannaich. Amen.

 DEUTERONOMI xxxi.

11. 'Nuair a thig Israel uile g'an taisbeanadh féin 'an lathair an Tighearna do Dhé, 'san ionad a thaghas e; leughaidh tu 'n lagh so 'an làthair Israeil uile, 'nan éisdeachd.

12. Cruinnich an sluagh r'a chéile, fir, agus mnàì, agus clann, agus do choigreach a *tha* 'n taobh stigh do d' geataibh; a chum gu'n cluinn iad, agus gu'm fòghlum iad agus g'um bi eagal an Tighearna bhur Dé orra, agus gu'n d'thoir iad fa'near uile bhriathran an lagha so a dheanamh :

13. Agus gu'n cluinn an clann do nach b'aithne *bheag*, agus gu fòghlum iad, eagal an Tighearna bhur Dé a bhi orra am fad's is beo dhuibh 'san fhearann d'am bheil thu dol thar Iordan g'a shealbhachadh.

Caib xi.

18. Uime sin taisgidh sibh suas iad so mo bhriathra 'nar cridhe agus 'nar n-anam, agus ceanglaidh sibh iad mar chomhar air bhur làimh; agus bithidh iad mar eudainn eadar bhur suilibh.

19. Agus teagaisgidh sibh iad d'ar cloinn, a' labhairt orra 'nuair a shuidheas tu a' d' thigh, agus an uair a dh'imeicheas tu air an t-slighe, agus an uair luidheas tu sìos, agus an uair a dh'éireas tu suas.

20. Agus sgrìobhaidh tu aid air ursainnean doruis do thighe, agus air do gheat-aibh :

21. A chum as gu'm bi bhur laithean liònmhor, agus laithean bhur cloinne, 'san fhearann a mhionnaich an Tighearna d'ar n'aithreachaibh a thoirt doibh, mar laithean nèimh air an talamh.

SALM lxxviii.

1. Eisdibh, O mo sluagh, re m' reachd, aomaibh bhur cluas chum bhriathar mo bhéil.

2. Fosgailidh mi mo bheul ann an co-samhlachd ; cuiridh mi sean-fhocail dhorcha an céill :

3. A chuala sinn, agus a b'aithne dhuinn, agus a dh'innis ar n-aithriche dhuinn.

4. Cha cheil sinn air an cloinn *iad*, a' foillseachadh cliu an Tighearna do'n àl a

ta re teachd, agus a neart, agus 'oibre iongantach a rinn e :

5. Oir chuir e agus teisteanas ann an Iacob, agus shuidhich e lagh ann an Israel, a dh'àithn e d'ar n-aithrichibh gu'n deanadh iad aithnichte d'an cloinn ;

6. Chum gu'm biodh fios aig an àl re teachd *orra*, gu'n éireadh a'chlann a bheirteadh, agus gu'n cuireadh iad an céill *iad* d'an cloinn féin ;

7. Agus gu'n cuireadh iad an dòchas ann an Dia, agus nach dichuimhnicheadh iad oibre Dhé, ach gu'n gleidheadh iad 'aitheanta ;

Salm xix.

7. *Is* iomlan lagh an Tighearna, ag iompochadh an anama ; *tha* fianuis an Tighearna cinnteach, a' deanamh a bhao-ghalta glic.

8. *Ta* reachdan an Tighearna ceart, a' deanamh a' chridhe aoibhneach ; *ta* àithne an Tighearna glan, a' soillseachadh nan sùl.

9. *Ta* eagal an Tighearna fìorghlan, a' maireachduinn am feasd : *is* fìrinn breitheanais an Tighearna ; *tha* iad gu h-iomlan cothromach.

10. Nì's mo r'an iarruidh *ta* iad na'n t-òr, seadh, na mòran d'on or fhìor ghlan ;

agus ni's milse na a' mhil, seadh, na *mhil* a shileas as na ciribh-mealà.

11. Os bàrr, ta do sheirbhiseach a faotainn rabhaidh uatha: 'nan coimhead *ta* mor dhuais.

EOIN, Caib iii.

Gràdh Dhé.

14. Mar a thog Maois suas an nathair san-fhàsach, is ann mar sin is éigin do Mhac an duine bhi air a thogail suas:

15. Chum's ge b'e neach a chreideas ann, nach sgriosar e, ach gu'm bi a bheatha mhaireannach aige.

16. Oir is ann mar sin a ghràdhaich Dia an saoghal, gu'n d'thug e aon-ghin Mhic fein, chum's ge b'e neach a chreideas ann, nach sgriosar e, ach gu'm bi a b'heatha shiorruidh aige.

17. Oir cha do chuir Dia a Mhac do'n t-saoghal, chum gu'n diteadh e 'n saoghal, ach a chum gu'm biodh an saoghal air a shaoradh trìdsan.

18. An ti a chreideas ann, cha dìtear e: ach an ti nach creid, tha e air a dhi-

teadh cheana, chionn nach do chreid e an ainm aoin-ghin Mhic Dhé.

Marc x.

13. Agus thug iad leanabana d'a ionnsuidh, chum as gu'm beanadh e riu; agus chronuich a dheisciobail a' mhuintir a thug leo iad.

14. Ach an uair a chunnaic Iosa sin, bha e ro dhiombach, agus a dubhairt e riu, Leigibh do na leanabanuibh teachd a m' ionnsuidh, agus na bacuibh iad: oir is ann d'an leithidibh a ta rioghachd Dhé.

15. Gu deimhin a deirim ribh, Ge b'e neach nach gabh riogachd Dhé mar leanabh beag, nach d'theid e gu bràth a steach innte.

16. Agus ghlac e na uchd iad, agus chuir e a lamhan orra, agus bheannuich e iad.

 MATA xviii.

1. Anns an àm sin fein thainig na deisciobuil chum Iosa, ag radh, Cò a's mo ann an riogachd neimhe?

2. Agus air do Iosa leanabh beag a ghairm chuige, chuir e' nam meadhon e.

3. Agus a dubhairt e, Gu firinneach a deirim ribh, Mur iompoichear sibh, agus mur bi sibh mar leanabana, nach d'theid sibh a steach do rioghachd neimhe.

4. Air an aobhar sin ge b'e dh' islicheas e fein mar an leanaban so, 's e sin fein a 's mò ann an rioghachd neimhe.

5. Agus ge b'e ghabhas aon leanaban d'a leithid so ann am ainmse, gabhuidh e mise.

6. Ach ge b'e neach a bheir oilbheum dh'aon neach do'n mhuinntir bhig so a ta creidsinn annamsa, b'fhearr dha gu'm biodh cloch-mhuilinn air a crochadh r'a mhuineal, agus gu'm biodh e air a bhàthadh ann an doimhne na fairge.

 2 *Tim.* iii.

14. Ach buanaich thusa anns na nithibh a dh'fhòghluim thu, agus air an d'rinne-

adh thu dearbh-fhiosrach, air dhuit fios a bhi agad cia uaith a dh'fhòghluim thu *iad*;

15. Agus o bha thu a' d'leanabh gu'm b'aithne dhuit na sriobtuire naomha, a ta comasach air do dheanamh glic chum slàinte, tre'n chreidimh a ta ann an Iosa Crìosd.

16. *Ta* an sriobtuir uile air a dheachdadh le Spiorad Dé, agus *ta* e tarbhach chum teagaisg, chum spreige, chum leasachaidh, chum oilein ann am fireantachd:

17. Chum gu'm bi òglach Dhé coimhionta, làn deas chum gach uile dheadh oibre.

1 SAMUEL, Caib ii.

Urnuigh Hanaih.

Agus rinn Hanah urnuigh, agus thubhairt i, Ta mo chridhe a' deanamh gàirdeachais anns an Tighearna, dh'ardaicheadh m' adhare anns an Tighearna, rinnadh mo bheul farsaing os cionn mo naimhde, do bhrìgh gu bheil mi aoibhneach ann do shlàinte-sa.

2. Cha n' 'eil neach air bith naomha mar an Tighearna; oir cha 'n 'eil neach

ann ach thu, agus cha 'n 'eil carraig ann mar ar Dia-ne.

3. Na labhraibh ni's mò cho ro-uaibhreach, na d'thigeadh àrdan a mach as bhur beul; oir is Dia eòlais an Tighearna, agus leisean tha gnìomharan air an cothromachadh.

4. *Ta* boghanna nan daoine treun air am briseadh, agus ta iadsan a thuislich air an crioslachadh le neart.

5. *Jadsan a bha* làn, air son arain thuarasdalaich siad iad féin; agus *iadsan a bha* ocrach, sguir iad *do bhi mar sin*: ise a bha roimhe neo-thorach, rug i seachdnar; agus ise aig an robh mòran cloinne, dh'fhàs i fann.

6. 'Se 'n Tighearn a mharbhas, agus a bheothaicheas: bheir e sìos a dh' ionnsuidh na h-uaigne, agus bheir e nìos.

7. 'Se 'n Tighearn a nì bochd, agus a nì beartach: leagaidh e sìos, agus togaidh e suas.

8. Togaidh e 'm bochd o'n duslach; o'n òtrach togaidh e suas am féumach, 'gan cur 'nan suidhe maille re uachdran-aibh, agus a thoirt orra cathair glòire a shealbhachadh: oir is leis an Tighearna bunaite na talmhainn, agus shuidhich e an domhan orra.

9 Cosan a naomh gleidhidh e, agus

bithidh na h-aingidh tosdach ann an dor-chadas ; oir le neart cha bhuaidhaich duine sam bith.

10. Brisear 'nam bloighdibh eascair-dean an Tighearna : as na neamhaibh ni e tairneanach orra : bheir an Tighearna breth air crìochaibh na talmhainn, agus bheir e neart d'a rìgh, agus ardaichidh e adharc Aoin ungtà féin.

ROM. xii.

9. *Biodh bhur* gràdh gun cheilg. Biodh gràin agaibh do 'n olc, leanaibh gu dlùth ris an ni a tha maith.

10. *Bithibh* teo-chridheach d' a chéile le gràdh bràthaireil, ann' an urram a' toirt toisich gach aon d' a chéile.

11. Gun bhi leasg ann an gnothuichibh : durachdach 'nar spiorad ; a deanamh seirbhis d'on Tighearn :

12. A' deanamh gairdeachais an dòchas : foighidneach an trioblaid ; maireannach ann an ùrnuigh :

13. A' comh-roinn re uireasbhuidh nan naomh ; a' gnàthachadh aoidheachd.

14. Beannuichibh an dream a ta geur-leanmhuinn oirbh : beannuichibh, agus na mallaichibh.

15. Deanaibh gairdeachas maille riu-san a ta re gairdeachas, agus caoidh maille riu-san a ta re caoidh.

16. Bithibh a dh'aon rùn d'a cheile. Na biodh bhur cion air nithibh ard, ach cuiribh sibh fein ann comh-inbhe riu-san a ta iosal. Na bithibh ghic 'nar barail fein.

17. Na iocaibh ole air son uile do dhuine sam bith. Ulluichibh nithe ciat-fach am fianuis nan uile dhaoine.

18. Ma dh' fheudas e bhi, mheud 's a ta e 'n-comas duibhse, bithibh an sith ris na h-uile dhaoinibh.

19. *A chairde* gràdhach, na deanaibh dioghaltas air bhur son fein, ach thugaibh ait d'on fheirg: oir a ta e scriobhta, Is leamsa an dioghaltas; iocaidh mi, deir an Tighearn.

20. Uime sin ma bhios do nàmhaid ocrach, thoir biadh dha; ma bhios e tart-mhor, thoir deoch dha: oir le so a dheanamh carnaidh tu cibhle teine air a cheann.

21. Na d' thugadh an t-ole buaidh ort, ach beir-sa buaidh air an ole leis a' mhàith.

 NEHEMIAH, Caib viii.

An doigh dhiadhaidh air an còir focal Dé a bhi air a leughadh, agus air eisdeachd.

1. Agus chruinnich an sluagh uile an ceann a chéile mar aon duine do'n t-sraid a *ta* fa chomhair geataidh an uisge; agus dh' iarr iad air Esra an scriobhuiche e thoirt a làthair leabhair lagha Mhaois, a dh' aithn an Tighearn do Israel.

2. Agus thug Esra an sagart an lagh an làthair a' choi' thionail, araon fhear agus bhan, agus gach uile a thuigeadh 'nuair a chluinneadh iad e, air a' cheud là do 'n t-seachdamh mios.

3. Agus leugh e ann fa chomhair na sraide a tha fa chomhair geataidh an uisge, o mhaduinn gu meadhon-là, an làthair nam fear agus nam ban, agus na muinntir a thuigeadh: agus *bha* cluasan an t-sluaigh uile re leabhar an lagha.

4. Agus sheas Esra an scriobhuiche air crannaig fhiodha, a rinn iad air son a' ghnothuich, agus làimh ris sheas Matitiah agus Sema, agus Anaiah, agus Uriah, agus Hilciah, agus Maaseiah, air a làimh

dheis ; agus air a làimh chli Pedaiah, agus Misacl, agus Malchiah, agus Hasum, agus Hasbadana, Sechariah (agus) Mesulam.

5. Agus dh'fhosgail Esra an leabhar ann an sealladh an t-sluaigh uile, oir bha e os cionn an t-sluaigh uile : agus an uair a dh' fhosgail se e, sheas an sluagh uile.

6. Agus bheannaich Esra an Tighearn, an Dia mòr : agus fhreagair an sluagh uile, Amen, Amen, a' togail suas an làmh. Agus chrom iad an cinn, agus rinn iad aoradh do'n Tighearn le'n aghaidhibh ris an talamh.

7. Mar an ceudna thug Iesua, agus Bani, agus Serebiah, Iamin, Acub, Sabetai, Hodiab, Maaseiah, Celita, Asariah, Iosabad, Hanan, Pelaiah, agus na Lebhithich air an t-sluagh an lagh a thuigsinn : agus sheas an sluagh 'nan àit.

8. Agus leugh iad ann an leabhar lagha Dhé gu soilleir, agus thug iad an seadh seachad ; agus thuig iadsan an uair a leughadh.

 2 RIGH, Caib. iv.

1. A nis ghlaodh bean àraidh do mhn-aibh mhac nam fàidh re Elisa, ag ràdh, Fhuair t' òglach m' fhear bàs; agus ta fios agad gu' n robh eagal an Tighearn air t' òglach: agus ta fear nam fiach air teachid a thoirt mo dhithis mac leis gu bhì 'nan tràillibh aige.

2. Agus thubhairt Elisa ria, Ciod a ni mise air do shon? innis dhomh ciod a th' agad san tigh? Agus thubhairt ise, Cha 'n 'eil aig do bhanoglaich ni air bith san tigh, ach soitheach olaidh.

3. An sin thubhairt esan, Falbh, iarr dhuit féin soithiche an coingheall a muigh o d' choimhearsnachaibh uile, *eadhon* soithiche falamh: ná dean le beagan.

4. Agus an uair a théid thu a steach, druiddidh tu an dorus ort féin, agus air do mhacaibh, agus taomaidh tu anns no soithichibh sin uile, agus cuiridh tu' n soitheach làn a leth-taobh.

5. Agus dh' fhalbh i uaith, agus dhruid i an dorus oirre féin, agus air a macaibh; agus thug iadsan *na soithiche* d' a h-ionn-suidh, agus thaom ise a mach.

6. Agus an uair a bha na soithiche làn, thubhairt i r' a mac, Thoir a m' ionnsuidh fathast soitheach. Agus thubhairt esan rìa, Cha 'n 'eil soitheach ann tuilleadh. Agus stad an oladh.

7. An sin thàinig i agus dh-innis i *sin* do 'n duine le Dia : agus thubhairt esan, Falbh, reic an oladh, agus diol t'fhiacha ; agus thig féin agus do mhic beo air a' chuid eile.

1 CORINT. Caib. xiv.

1. Leanaibh gràdh, agus biodh mòr mhiann *thiodhlaca* spioradail oirbh, ach gu ma mò bhur togradh gu'n deanadh sibh fàidheadaireachd.

2. Oir an ti a labhras ann an teangaidh *choimhich*, ni h-ann re daoimbh a labhras e, ach re Dia : oir cha 'n 'eil neach sam bith 'ga thuigsinn ; ge do tha e anns an Spiorad a' labhairt rùna-diomhair.

3. Ach an ti a tha deanamh fàidheadaireachd, ta e a' labhairt re daoibh chum togail suas, agus *chum* earail, agus *chum* comhfhurtachd.

4. An ti a ta labhairt an teangaidh

choimhich, ta e 'ga thogail fein suas: ach an ti a ni fàidheadaireachd, ta e togail suas na h-eaglais.

5. Bu mhaith leam gu labhradh sibh uile le teangaibh, ach b' fhearr leam sibh a dheanamh fàidheadaireachd, oir is mò an ti a ni fàidheadaireachd, na an ti a labhras le teangaibh, mur eadar-theangaich e, chum gu faigheadh an eaglais fòghlum.

6. A nis a' bhràithre, ma thig mi d'ar ionnsuidh a' labhairt le teangaibh, ciod an tairbhe a ni mi dhuibh, mur labhair mi ribh am foillseachadh, no an eòlas, no am fàidheadaireachd, no an teagasg?

7. Air an doigh cheudna na nithe gun anam a ni fuaim, ma's piob no clàrsach, mur dean iad eadar-dhealachadh 'nam fuaimibh, coinnus a thuigear an ni a sheinnear air a' phiob no air a' chlàrsaich?

8. Oir ma bheir a' ghalltomp fuaim neo-chinnteach uaipe, cò a dh' ulluicheas e fein chum a' chatna?

9. Is amhuil sin sibhse, mur labhair sibh leis an teangaidh briathra so-thuig-sinn, cionnus a dh' aithnichear an ni a labhrar? oir is ann ris an athar a labhras sibh.

10. Ta, feudaidh e bi, an uiread do

ghuthannaibh san t-saoghal, agus cha 'm 'eil a h-aon duibh gun bhlagh.

11. Uime sin mur tuig mi brigh a' ghutha, bithidh mi do'n ti a labhras borb; agus *bithidh* an ti a labhras, borb dhomhsa.

Thugar fainear, gu bheil am briathar *faigheadaireachd* an so, air a ghnathachadh leis an Abstol Pòl air son mineachadh focal Dé, teagasg, no labhairt ris an t-sluagh ann an cainnt a thuigeas iad.

Salm CXXXIV.

- 1 O oglacha Ichobiah mhòir,
 beannuichibh Dia a choidhch' ;
 Sibhse le 'n gnà bhi 'n àros Dé
 'nur seasamh feadh na h-oidhch'.
- 2 'Na theampull togaibh suas 'ur làmh,
 beannuichibh Dia nam feart,
- 3 Beannuicheadh Dia a Sion thu,
 rinn neamh is làr le neart.

Salm XXIII.

- 1 Is e Dia fein a's buachaill dhomh,
 cha bhi mi ann an di.

- 2 Bheir e fainear gu luidhinn sìos
air cluainibh glas le sìth :
Is fòs ri taobh nan aibhnichean
theid seachad sìos gu mall,
Ta e gach uair gam' threorachadh,
gu rìin reidh anns gach ball.
- 3 Ta 'g aiseag m' anma dhomh air ais :
's a' treorachadh mo cheum
Air slighibh glan na fireantachd,
air sgà dheagh-ainme fein.
- 4 Seadh fòs d'an gluaisinn eadhon trid
ghlìnn dorcha sgàil' a bhàis,
Aon olc nò urchaid a theachd orm
ni h-eagal leam 's ni 'n càs :
Arson gu bheil thu leam do ghnà,
do lorg, 's do bhata treun,
Ata'd a' tabhairt co-fhurtachd
is fuasglaidh dhomh am fh'eum. .
- 5 Dhomh dheasuigh's bòrd air beul mo nàmh
le b-ola dh' ung mo cheann,
Cur thairis tha mo chopan fòs
ag meud an làin a t'ann.
- 6 Ach leanaidh maith is tròcair rìum
an cian a bhios mi beo :
Is comhnuigheam an àros Dé,
ri fad mo re's mo lò.

Salm c.

- 1 Togadh gach tír àrd-iolach glaoidh,
do Dhia Iehobhadh mòr.
- 2 Thigibh, is deanaibh seirbhis ait,
'na a làthair-san le ceol.
- 3 Biodh agaibh fios gur esan Dia,
se rinn sinn, 's cha sinn fein :
A phbulla sinn, 's a chaoirich fòs
dh' ionaltradh leis gu leir.
- 4 Thigibh a nis le buidheachas
'na gheataibh-san a steach,
Is thigibh fòs le moladh mòr
an cùirtibh naomh a theach :
Is thugaibh dha mòr-bhuidheachas,
ainm beannuichibh gu binn :
- 5 Or Dia ta maith, tha throcair buan ;
Is fhirinn feadh gach linn.

Salm ci.

- 1 Breith cheart is tròcair canar leam :
Dhe, seinneam dhuit le ceòl.
- 2 Is iomcharam mi fein gu glic
air slighe fhoirfe choir.

- O c'uin do m' ionnsuidh a thig thu,
a Thighearna nam feart ?
A steach am fhardoich gluaisidh mi
le cridhe fìor-ghlan ceart.
- 3 Fa chomhair fòs mo shùile fèin
ni 'n cuiream olc am feasd :
Obair luchd-ceannairc's fuathach leam,
's cha lean i rium gun cheist.
- 4 An cridhe iargalt ain-meineach
uam triallaidh e an cein :
Eòlas no furan air an dao
a choidhch' cha chuir mi fein.
- 5 An ti bheir beum da choimbearsnach,
lom-sgriosam e as àit ;
An cridhe borb cha 'n fhuiling mi,
no neach a sheallas ard.
- 6 Bidh m' air' air fircana na tìr,
gu gabh iad comhnuidh leam :
An ti bhios foirfe glan 'na bheus,
se 's òglach dhomh gach am.
- 7 Fear deanaimh ceilg is mealltaireachd,
am theach-sa cha 'n fhaigh tàmh ;
Am làthair, neach a labhras breug
cha 'n fhuirich iomad là.
- 8 Lom-sgriosaidh mise fòs gu moch
gach droch-dhuin' as an tìr,
Chum luchd an uile a sgathadh as
O chathair Dhé gu léir.

 GNATH-FHOCAIL.

A mhic, ma bhios do chridhe glic, ni mo chridhe-sa gairdeachas, eadhon mo chridhe-sa.

Cuimhnich a nis do Chruithfhear ann an laithibh t'oise, mun d' thig na droch laithean, agus an druid na bliadhnacha *riut*, anns an abair thu, Cha 'n'eil tlachd agam annta.

Eisd re t'athair a gbin thu, agus na dean tair air do mhàthair 'nuair a bhios i aosda.

Mar chluas-fhàinne òir, agus mar usgair d'on òr fhìor-ghlan, *ta* fear-cronachaidh glic aig cluais fhura-chair.

Is e eagal an Tighearna toiseach a' ghliocais; agus *is* e eolas *nithe* naomh, tuigse.

An ti a dh'fholaicheas a pheacanna, cha soirbhich leis; ach esan a dh'aidicheas agus a thréigeas *iad*, gheibh e tròcair.

A mhic, biodh eagal an Tighearna agus an rìgh ort: riu-san aig am bheil atharrachadh giùlain na biodh gnothuch agad.

Ta meidhean mealltacht 'nan gràineileachd do'n Tighearn; ach *is* taitneach leis toimbscan cearta.

Ta neach ann a sgaoileas, agus fàsaidh e ni's saibhire; agus *ta* e ann a chumas tuilleadh 'sa ta ceart, ach *thig* e gu bochdainn.

Lùghdaichear saibhreas an diomhanais; ach esan a chruinnicheas le saothair, meudaichidh e.

Ni beannachadh an Tighearna saibhir, agus cha chuir e doilgheas 'na chuideachd.

Is fearr beagan le h-eagal an Tighearna, na ionmhas mòr, agus buaireas leis.

Is fearr lòn do luibhibh, far am bi gràdh, na damh biadh agus fuath leis.

Diomhanas agus breugan cuir fad uam; na toir dhomh bochdainn no beartas, beathuich mi le biadh a bhios iomchuidh air mo shon.

Air eagal gum bi mi làn, agus gu'n àicheadh mi *thu*, agus gu'n abair mi, Cò e an Tighearn? no gu'm bi mi bochd, agus gu'n goid mi, agus gu'n toir mi ainm mo Dhé an diomhanas.

Cluinneamaid brìgh na chaidh ràdh uile: Biodh eagal Dé ort, agus gléidh 'àitheantan; oir *is* e so *dleasdanas* iomlan an duine.

Oir bheir Dia gach obair chum breitheanais, maille ris gach ni diomhair, ma's maith, no ma's olc e.



Earrannan

DE AN SCRIBTUIR.

Oir cha di-chumhnichear an t-ainnis gu bràth ; cha d' théid as do dhòchas nam bochd gu siorruidh.

Dheasaich thu, a Dhé, do d' mhaitheas do 'n *duine* bhochd.

Oir éisdidh an Tighearna re bochdaibh.

Sàsuichidh mi a bochdan le h-aran.

Oir ithidh am bochd tagha mo cheud thoraidd-sa ; agus luidhidh an t-ainnis a sìos ann an tearuinteachd.

Le ceartas bheir e breth air bochdaibh an t-sluaigh ; saoraidh e clann nan ainnis.

Oir saoraidh e an t-ainnis an uair a dh' éigheas e ; agus an truaghan, aig nach éil, fear-cuideachaidh.

Caomhnaidh e am bochd agus am feumach ; agus tearnaidh e anama nam feumach.

Bheir e 'n aire do ùrnuigh nan diobarach, agus cha dean e tàir air an athchuinge.

Scriobhar so do 'n àl re teachd ; agus molaidh an sluaigh a ghinear an Tighearna.

Oir dh'amhairc e nuas o airde a naombachd féin ; o na néamhaibh sheall an Tighearn air an talamha.

Agus togaidh e suas am bochd o thruaigh, agus ni e teaghlaichean *dha* mar threud.

Chi na fireana *so*, agus bithidh iad ait; agus druididh gach euceart a béul.

Co *a ta* glic, agus *a* bheir fainear na nithe sin? tuigidh esan caoimhneas grádhach an Tighearna.

A' CHRIOCH.

Received of the Treasurer of the
County of ... the sum of ...
for ...

Witness my hand and seal this ...
day of ... 1845

...

...

...







